

## Sgrìobhainn Frèam-obrach

### COIMISEAN NA CROITEARACHD

An Giblean 2018 – Am Màrt 2021

#### Ro-ràdh

1. Tha an sgrìobhainn frèam-obrach seo air a chur ri chèile le Riaghaltas na h-Alba (SG) ann an co-chomhairleachadh le [Coimisean na Croitearachd](#). Tha e a' mineachadh an fhrèam-obrach fharsaing sam bi Coimisean na Croitearachd ag obrachadh agus na priomh dhreuchdan is dhleastanasan a tha ag adhartachadh na dàimh eadar Coimisean na Croitearachd agus an SG. Ged nach eil an sgrìobhainn seo a' buileachadh chumhachdan laghail no dleastanasan sam bith, tha e a' cumadh priomh phàirt den fhrèam-obrach cunntachalachd is riaghlaidh agus bu chòir ath-sgrùdadhbh agus ùrachadh mar a bhios riatanach, agus co-dhiù gach 2-3 bliadhna. Thèid molaidhean sam bith a thaobh an sgrìobhainn frèam-obrach atharrachadh le SG no le Coimisean na Croitearachd a thoirt air adhart ann an co-chomhairleachadh agus ann an co-rèir ri priomhachasan is amasan poileasaidh SG. Bidh ceist sam bith a thaobh eadar-mhìneachadh air an sgrìobhainn air a dhearbhadh leis an SG an dèidh co-chomhairleachadh le Coimisean na Croitearachd. Gabhaidh solaran reachdail priomhachas thar phàirt sam bith den sgrìobhainn.
2. Tha iomraighean mu Choimisean na Croitearachd a' gabhail a-steach fo-roinnean agus co-iomairtean sam bith ann an seilbh no fo smachd Coimisean na Croitearachd. Cha stèidhich Coimisean na Croitearachd fo-roinnean agus cha chom-pàirtich iad ann an co-iomairtean às aonais aonta sònraichte an SG.
3. Thèid lethbhreacan den sgrìobhainn a chur ann an Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba. Bidh e cuideachd air fhoillseachadh air làraichean-lìn an SG agus Coimisean na Croitearachd.

#### Adhbhar

4. Tha Coimisean na Croitearachd ri cur ri priomh adhbhar SG a choileanadh, de bhith a' meudachadh fàs eaonamach seasmhach tro bhith a' taobhadh amasan agus a chinn-uidhe leis a' Phrògram don Riaghaltas, Ro-innleachd Eaconamach agus Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba.

#### 5. **Fuincseanan is dleastanasan Coimisean na Croitearachd**

Tha Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh (Achd 1993), a' toirt na leanas do Choimisean na Croitearachd:

- Fuincseanan de:
  - a) riaghlaidh croitearachd,
  - b) ath-eagrachadh croitearachd,
  - c) adhartachadh ùidhean croitearachd, agus
  - d) cumail chùisean co-cheangailte ri croitearachd fo ath-sgrùdadhbh, agus fuincseanan eile a chaidh a bhualeachadh orra le Achd 1993 Act no fo achdachadh sam bith;

- Dleastanasan a thaobh:
  - cùisean uile co-cheangailte ri croitean agus suidheachaidhean croitearachd a chumail fo ath-sgrùdadh coitcheann, a' gabhail a-steach, gun leiteachas don choitcheannas roimhe, tuineachadh fearainn;
  - co-obrachadh cho fada 's a leigeas an cumhachdan agus an dleastanasan le neach no pearsa sam bith ann an coileanadh cheumannan sam bith airson leasachadh eaconamach agus sòisealta air na sgìrean croitearachd;
  - comhairleachadh Ministearan na h-Alba air cùis sam bith co-cheangailte ri croitean agus suidheachaidhean croitearachd, a dh'haodas iad iomradh dhaibh, no air a bheil iad ga mheas freagarrach comhairle a thoirt dhaibh; agus
  - na cumhachdan a chaidh a bhuleachadh orra le Achd 1993, ann a leithid de dhòigh a tha freagarrach dhaibh anns gach cùis.

**Adhbhar, amasan ro-innleachdail agus cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd, mar a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba**

6. Is e amas iomlan Coimisean na Croitearachd, beatha theachdail fhaotainn do chroitearachd agus do choimhearsnachdan sna sgìrean croitearachd, air a choileanadh tro: riaghlaigh math, adhartachadh gabhail air croitean; cleachdadh fearainn gnìomhach; agus stiùireadh co-roinnt le croitearan mar mheadhan air cumail suas agus neartachadh choimhearsnachdan dùthchail.

7. Ann an dèanamh sin, tha Coimisean na Croitearachd a' cuideachadh le priomh adhbhar Riaghaltas na h-Alba a liubhairt a thaobh fàs eaconamach seasmhach a mheudachadh agus a' co-thaobhadh leis na [Builean Nàiseanta](#). Tha Coimisean na Croitearachd a' cur ri mòran de na builean, a' gabhail a-steach:

- Tha ar seirbheisean poblach àrd-chàileachdail, daonnan a' leasachadh, èifeachdach agus freagairteach do theumalachdan nan daoine ionadail;
- Tha coimhearsnachdan làidir, taiceil agus fulangach far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an gnìomhan fhèin agus a' bhuaidh a tha aca air càch; agus
- Tha sinn beò ann an àiteachan seasmhach air an deagh dhealbheadh far a bheil e comasach dhuinn cothrom fhaotainn air na goireasan agus na seirbheisean air a bheil feum againn.

8. Tha Coimisean na Croitearachd cuideachd a' cur ri [cinn-uidhe ro-innleachdail](#) Riaghaltas na h-Alba, gu h-àraig:

- [Nas Uaine](#) – Leasachadh àrainneachd nàdarra is thogte na h-Alba agus an cleachdadh seasmhach air agus an tlachd às; agus
- [Nas Sàbhailte agus nas Làidire](#) – Cuideachadh choimhearsnachdan ionadail gu soirbheachadh, fàs nan àiteachan nas làidire agus nas sàbhailte fuireach anna, a' tabhann chothroman leasaichte agus càileachd beatha nas fheàrr.

9. Tro riaghlaigh cothromach, fosgarra is cunbhalach agus sparradh dhleastanasan croitearachd, faodaidh Coimisean na Croitearachd taic a chur ri àm teachdail fad-amail croitearachd agus na coimhearsnachdan croitearachd. Faodaidh e cuideachadh le adhartachadh air deagh cleachdadh ann an croitearachd a dhèanamh comasach, còmhla ri dàimhean obrach soirbheachail eadar croitearan is uachdarain.

## Daimh eadar Riaghaltas na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd

10. Tha conaltradh ro-innleachdail èifeachdach eadar an SG agus Coimisean na Croitearachd deatamach, gus an obraich iad còmhla ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas gus seirbheisean poblach a leasachadh agus a chumail suas agus builean leasaichte a liubhairt. Gabhaidh an SG agus Coimisean na Croitearachd gach ceum a tha riatanach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an dàimh air a leasachadh le taic ann an co-rèir ris na prionnsapalan co-aontaichte a tha minichte san aithris air '[Conaltradh Ro-innleachdail eadar Riaghaltas na h-Alba agus NDPBan na h-Alba](#)'.

## Riaghlaigh agus cunntachalachd

11. Tha Coimisean na Croitearachd stèidhichte fo sholaran [Achd nan Croitearan \(Alba\) 1993](#) mar a chaidh atharrachadh leis an [Achd Ath-leasachaidd Croitearachd etc. 2007](#), an [Achd Ath-leasachaidd Croitearachd \(Alba\) 2010](#) agus an [Achd Croitearachd \(Atharraichte\) \(Alba\) 2013](#) mar bhuidheann gnìomha poblach neo-roinneil (NDPB). Airson adhbharan chunntasan naiseanta, tha Coimisean na Croitearachd seòrsaithe don roinn àrd-riaghaltais. Tha bun-reachd agus fuincseanan coitcheann Coimisean na Croitearachd minichte ann an [Earrann 1 de Achd nan Croitearan \(Alba\) 1993](#), mar a chaidh atharrachadh. Chan eil Coimisean na Croitearachd a' coileanadh fhuincseanan às leth a' Chrùin.

## Dleastanasan ministrealach

12. Tha Ministearan na h-Alba cunntachail aig deireadh gnothaich do Phàrlamaid na h-Alba airson gnìomhan agus coileanadh Coimisean na Croitearachd agus airson a chleachdad air goireasan. Chan eil iad ge-tà cunntachail airson cùisean obrachail bho latha gu latha. Tha uallachaidhean Mhinistearan na h-Alba a' gabhail a-steach:

- [Aontachadh](#) amasan, cinn-uidhe agus prìomh thargaidean ro-innleachdail Coimisean na Croitearachd mar phàirt den phròiseas planaidd chorporra;
- [Aontachadh](#) plana poileasaidh Coimisean na Croitearachd mun dòigh a tha iad an dùil am fuincseanan a chur an gnìomh;
- [Aontachadh](#) a' bhuidseat agus an riatanas ceangailte ri tabhartas gus cuideachadh a tha ri phàigheadh do Choimisean na Croitearachd, agus a' faotainn an aonta Phàrlamaideach riatanach;
- [Coileanadh](#) dhleastanasan air an sònrrachadh ann an Achd 1993, a' gabhail a-steach fastaidhean is taghaidhean chun a' Bhùird, ag aontachadh chumhachan is chùmhnantan buill den Bhòrd, fastadh Neach-gairm, fastadh Àrd-Oifigear agus aontachadh chumhachan is chùmhnantan luchd-obrach; agus
- Cùisean eile mar aontachadh chìsean làitheil buill a' Bhùird ann an co-rèir ri Poileasaidh Pàighidh do Àrd-Fhastaidean, agus càradh na h-Aithisg is Cunntasan Bliadhnaid air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba.

## Dleastanasan Bòrd Coimisean na Croitearachd

13. Tha reachdas croitearachd ag òrdachadh gum bi 5 buill aig a' char as lugh aìreir air Bòrd Coimisean na Croitearachd agus 9 buill aig a' char as àirde, a' gabhail a-steach

an Neach-gairm. Bidh 2 bhall aig a' char as lugh a air am fastadh le Ministearan, agus gun bharrachd na 6 buill den Bhòrd air an taghadh direach leis na croitearan, mar a tha mìnichte ann an Clàr 1 (3) de Achd 1993. Tha fastaidhean uile dèante ann an co-rèir ri [Còd Cleachdaidh a' Choimiseanair airson Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblach ann an Alba. Tha na h-ath thaghaidhean croitearachd gu bhith a' gabhail àite sa Mhàrt 2022.](#)

14. Is e dleastanas a' Bhùird ceannardas, stiùireadh, taic agus treòrachadh a sholarachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil Coimisean na Croitearachd a' liubhairt a dhleastanasan agus dealasach a thaobh liubhairt fhuincseanan gu h-èifeachdach agus gu buadhMHOR a rèir amasan, poileasaidhean agus priomhachasan Ministearan na h-Alba.

15. Tha uallach corporra air Coimisean na Croitearachd, fo stiùir an Neach-gairm, airson na leanas:

- Toirt air adhart nan amasan agus na cinn-uidhe ro-innleachdail aig Coimisean na Croitearachd, mar a tha aontaichte le Ministearan na h-Alba;
- Dèanamh cinnteach gu bheil Ministearan na h-Alba air am fiosrachadh mu atharrachaidhean sam bith a tha coltach buaidh a thoirt air slighe ro-innleachdail Coimisean na Croitearachd no air coileanadh a thargaidean, agus a' dearbhadh nan ceumannan a tha riatanach gus dèiligeadh ris a leithid sin de dh'atharrachaidhean;
- Aontachadh nan Cunntasan Bliadhnaile agus a' dèanamh cinnteach gu bheil Ministearan na h-Alba a' faotainn na h-Aithisg is Cunntasan Bliadhnaile a tha rin càradh air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba. Tha an t-Àrd-Oifgear mar oifgear Cunntachail le uallach airson nan cunntasan sin a shoidhnigeadh agus cunntachail aig deireadh gnothaich do Phàrlamaid na h-Alba airson an gnìomhan.
- Dèanamh cinnteach à ìrean iomchaidh de riaghlaidh corporra ann an obair a' Bhùird agus obair na buidhne gu h-iomlan, a' gabhail a-steach mothachadh do dh'uallach coitcheann airson co-dhùnaidhean a' Bhùird.
- Adhartachadh le Coimisean na Croitearachd air cleachdadhe èifeachdach, eaconamach agus buadhMHOR luchd-obrach agus goireasan eile a tha an co-rèir ri prionnsapalan [Luach as Fheàrr](#), a' gabhail a-steach com-pàirteachadh ann an rèiteachaidhean [Seirbheisean Co-roinnte](#), far a bheil sin iomchaidh.
- Dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh do riatanasan reachdail no rianachdail sam bith an lùib cleachdadhe air maoinean poblach (i.e. maoinean uile taobh a-staigh stiùbhartachd Coimisean na Croitearachd); gu bheil am Bòrd ag obrachadh taobh a-staigh crìochan a chuid ùghdarrais reachdail agus ùghdarris tiomnaichte sam bith air aontachadh leis a' Bhuidheann-stiùiridh urrasachd, ann an co-rèir ri cumhachan sam bith eile co-cheangailte ri cleachdadhe air maoinean poblach; agus ann an ruighinn cho-dhùnaidhean, gu bheil am Bòrd a' gabhail cunntas air stiùireadh buntainneach air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba;
- Dèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean èifeachdach nan àite gus barantas a thoirt air làimhseachadh cunnairt (a' gabhail a-steach spèis do

sgiobachd, cunnartan/bagaирean/gàbhaidhean fiosaigeach agus saidhbear), riaghlaigh agus smachd a-staigh. (Feumaидh am Bòrd comataidh sgrùdaidh a stèidheachadh air a stiùireadh le ball neo-ghniomha gus comhairle agus barantas neo-eisimeileach a thoirt air èifeachdas nan siostaman smachd a-staigh agus làimhseachadh cunnairt, a rèir an stiùiridh air Comataidhean Sgrùdaidh anns an SPF. Tha fiosrachadh mionaideach mu rèiteachaidhean aig Coimisean na Croitearachd a thaobh seo air a mhìneachadh ann am para 16);

- Dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd a' faotainn agus ag ath-sgrùdadadh fiosrachadh ionmhasail gu cunbalach a thaobh stiùireadh agus coileanadh Coimisean na Croitearachd; air fhiosrachadh gu h-àmail mu dhraghan sam bith a thaobh gnìomhachdan Coimisean na Croitearachd; agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-Àrd-Oifgear a' toirt barantas deimhinneach seachad don Bhuidheann-stiùiridh urrasachd gu bheil gnìomh iomchaidh air a ghabhail mu na draghan sin; agus
- Dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean nan àite aig Coimisean na Croitearachd gus co-dhùnaidhean cothromach, reusanta agus follaiseach mu chùisean riaghlaidh a tha a' toirt buaidh air croitearan, an uachdarain agus pártaidhean eile le ùidhean dligheach.

16. Tha fiosrachadh mionaideach sònraichte mu Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais (AFC) Coimisean na Croitearachd mar a leanas:

- Tha am Bòrd air AFC a stèidheachadh mar Chomataidh de Bhòrd Coimisean na Croitearachd gus taic a thoirt dha na dhleastanasan a thaobh cùisean cunnairt, smachd agus riaghlaidh agus barantas co-cheangailte tro phròiseas de dhùbhlan cuideachail. Bheir an AFC seachad taic don Bhòrd tro sgrùdadh mionaideach air aithrisean ionmhasail, buidseatan agus molaidhean ionmhasail eile.
- Bidh an AFC air a dhèanamh suas de thrì Buill Bùird neo-ghnìomha aig a' char as lugha, le cuòram de dhithis. Bidh Neach-gairm a' Choimisein no neach ainmichte na Chathraiche air an AFC. Bidh fastaidhean chun an AFC dèante leis a' Choimisean. Thèid fuincsean rianachd a thoirt don AFC leis an Àrd-Oifigear.
- Ged a tha an Neach-gairm mar Chathraiche an AFC a rèir an reachdais, tha e gu tur an aghaidh deagh chleachdad, oir bu chòir don AFC a bhith a' faireachdann saor riaghlaidh na buidhne ath-sgrùdadh gu h-iomlan. Gus dèiligeadh ris a' chomhstri seo, mar sin taghaidh an AFC lar-Chathraiche. Bidh an Neach-gairm a' tabhann leisgeul airson a bhith às-làthair agus ag ainmeachadh an lar-Chathraiche don chathair sna coinneamhan uile.
- Bidh an AFC a' coinneachadh gu foirmeil ceithir tursan sa bhliadhna agus ag aontachadh coinneamhan a bharrachd a' leantainn tron bhliadhna, stèidhichte air feum. Bidh seo ann an co-rèir ri prògram obrach an AFC. Bidh coinneamhan AFC gu h-àbhaisteach air am frithhealadh leis an Oifigear Chunntachail agus am Manaidsear Ionmhais. Tha a' chòir aig Sgrùdadh bhon Taobh A-muigh coinneamh sam bith den Bhòrd no a Chomataidhean a fhrithhealadh, ma bhios sin riatanach.

17. Tha tuilleadh stiùridh air mar a bu chòir don bhòrd a dhleastanasan a choileanadh air a sholarachadh ann an litrichean fastaidh agus [Air Bòrd – Stiùir do Bhuill Bùird Reachdail](#).

### **Neach-gairm Coimisean na Croitearachd**

18. Tha an Neach-gairm air fhastadh le Ministearan na h-Alba, no bidh Ministearan na h-Alba a' tiomnad taghadh an Neach-gairm don Bhòrd iomlan, mar a tha mìnichte ann an Clàr 1 de Achd 1993. Tha am fastadh/an taghadh dèante a rèir [Còd Cleachdaidh a' Choimiseanair airson Inbhean Eiticeil ann am Beatha Phoblach na h-Alba](#).

19. Tha an Neach-gairm cunntachail do Mhinistearan na h-Alba agus, agus ann an cumantas ri neach sam bith le uallach airson fuincseanan tiomnaichte, dh'fhaodadh a bhith air a chumail cunntachail le Pàrlamaid na h-Alba. Bidh an Neach-gairm a' déanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean agus gnìomhan Coimisean na Croitearachd a' cur taic ri poileasaidhean ro-innleachdail farsaing Ministearan na h-Alba; agus gu bheil cùisean Coimisean na Croitearachd air an coileanadh le ionracas dearbhte. Tha an Neach-gairm a' roinn nan dleastanasan corporra a tha mìnichte ann am paragraf 15, le buill eile a' Bhùird.



20. Tha uallach ceannardais sònraichte aig an Neach-gairm air na cùisean a leanas:

- Dèanamh cinnteach gu bheil Coimisean na Croitearachd a' coileanadh nan amasan agus nan cinn-uidhe air an suidheachadh le Ministearan na h-Alba;
- Riaghailteachadh ro-innleachd a' Bhùird;
- Dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd, ann an ruighinn cho-dhùnaidhean, a' gabhail cunntas ceart air stiùireadh sgaoilte le Ministearan na h-Alba;
- Adhartachadh cleachdadadh èifeachdach is buadhach air luchd-obrach agus goireasan;
- Brosnachadh irean àrda de dh'iomchaidheachd agus riaghailteachd;
- Gniomhachadh mar thosgaire / neach-labhairt do Choimisean na Croitearachd, a' riochdachadh nam beachdan aig a' Bhòrd don phoball san fharsaingeachd; agus
- Adhartachadh iomadachd air feadh na buidhne.

21. Bidh an Neach-gairm cuideachd le uallach airson na leanas:

- Dèanamh cinnteach gu bheil obair a' bhùird fo ùmhachd do fhèin-mheasadh cunbalach agus gu bheil am bòrd ag obair gu h-èifeachdach;
- Dèanamh cinnteach gu bheil buill a' Bhùird uile, mar phàirt de an inntrigeadh, air an làn fiosrachadh mu chumhachan an dreuchd agus an dleastanasan, còraichean is uallachaidhean, agus gum faigh iad trèanadh iomchaidh a' gabhail a-steach trèanadh air stiùireadh ionmhasail agus riatanasan aithris bhuidhnean san roinn phoblaich agus air diofaran sam bith a dh'faodas a bhith an làthair eadar cleachdadadh priobhaideach is poblach;
- Comhairleachadh Ministearan na h-Alba air feumalachdan Coimisean na Croitearachd nuair a dh'èireas àite bànn air a' Bhòrd airson buill fastaichte, a' coimhead ri dèanamh cinnteach à cothromachd cheart de sgilean a tha iomchaidh do stiùireadh gnothaich Coimisean na Croitearachd, ann an co-rèir ri deagh chleachdadadh aithnichte ann an riaghlaigh corporra;
- Measadh coileanadh nam ball Bùird fa leth air bunait leantainneach agus a' gabhail measadh foirmeil os làimh co-dhiù gach bliadhna. Cur taic ri buill a' Bhùird ann an cothrom air leasachadh no trèanadh a bharrachd, air a chomharrachadh mar phàirt den phròiseas.

22. Bidh an Neach-gairm a' dèanamh cinnteach cuideachd, mar a tha Coimisean na Croitearachd a' gèilleadh do sholaran Achd nan Inbhean Eiticeil sa Bheatha Phoblaich etc (Alba) 2000, gu bheil Còd Giùlain a tha air aontachadh le Ministearan na h-Alba, na àite do Bhuill a' Bhùird; agus gu bheil Buill a' Bhùird làn mhothachail do, agus a' cumail ris a' Chòd Giùlain sin.

23. Bidh conaltraidhean eadar am Bòrd agus Ministearan na h-Alba gu h-àbhaisteach tron Neach-gairm. Ni an Neach-gairm cinnteach gu bheil na buill Bùird eile air am fiosrachadh mu a leithid sin de chonaltraidhean.

## Dleastanasan Buill Bùird fa leth

24. Bu chòir do bhuill fa leth a' bhùird gnìomhadh ann an co-rèir ri dleastanasan a' bhùird gu h-iomlan agus gèilleadh an-còmhnaidh don chòd giùlain ris an do ghabh Coimisean na Croitearachd agus na riaghailtean co-cheangailte ri cleachdad air maoinean poblach agus strì eadar com-pàirt. Sa cho-theacsa seo, tha "maoinean poblach" a' ciallachadh chan e a-mhàin maoinean sam bith air an toirt do Choimisean na Croitearachd le Ministearan na h-Alba, ach cuideachd maoinean sam bith eile taobh a-staigh stiùbhardachd Coimisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach teachd-a-steach malairtidh agus inbheistidh, tiodhlacan, dileaban agus tabhartasan. Tha stiùireadh coitcheann air dleastanasan buill a' bhùird air a gheàrr-iomradh nan litrichean fastaidh agus cuideachd ann an [Air Bòrd – Stiùireadh do Bhuill Bùird Reachdail](#).

## Dleastanasan Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd

25. Tha Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd air fhastadh le Ministearan na h-Alba an dèidh co-chomhairleachadh leis an Neach-gairm. Is e e/i prìomh chomhairliche a' bhùird a thaobh coileanadh fhuincseanan agus tha e/i cunntachail don bhòrd. Is e a d(h)leastanas ceannardas obrachail a sholarachadh do Choimisean na Croitearachd agus dèanamh cinnteach gu bheil amasan is cinn-uidhe a' bhùird gan coileanadh agus gu bheil fuincseanan Coimisean na Croitearachd air an liubhairt agus targaidean gan coinneachadh tro àrd-ghniomh a tha èifeachdach agus smachdaichte. Tha a d(h)leastanasan coitcheann a' gabhail a-steach coileanadh, stiùireadh agus luchd-obrach Coimisean na Croitearachd. Tha stiùireadh coitcheann a thaobh dreuchd agus dleastanasan an àrd-oifigeir ann an [Air Bòrd – Stiùireadh do Bhuill Bùird Reachdail](#). Tha dleastanasan sònraichte an Àrd-Oifigeir a' gabhail a-steach:

- Comhairleachadh a' bhùird mu choileanadh a dhleastanasan – mar a tha mìnichte san sgriobhainn seo, ann an Achd 1993 (atharraichte) agus ann an stiùridhean buntainneach sam bith eile air an sgaoleadh le no às leth Ministearan na h-Alba – agus buileachadh co-dhùnaidhean a' bhùird;
- Dèanamh cinnteach gu bheil beachdachaidhean ionmhasail air an cunntadh gu h-iomlan leis a' bhòrd aig gach ire ann an ruighinn agus coileanadh a cho-dhùnaidhean, agus gu bheil measadh ionmhasail iomchaidh agus altan luachaidean a tha cunbalach don earrann [Measadh agus Luachadh](#) ann an [Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba](#) (SPFM), air an leantainn;
- Dèanamh cinnteach gun cùm Coimisean na Croitearachd, far a bheil e iomchaidh, ri [Prionnsapalan Stiùridh Prògram is Pròiseact \(PPM\)](#) Riaghaltas na h-Alba;
- Rèiteachaidhean a thaobh coileanadh is stiùireadh chunnartan làidir – cunbalach don earrann [Stiùireadh Cunnairt](#) den SPFM – nan àite, a tha a' cur taic ri coileanadh air amasan is cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd

agus a tha a' furastachadh aithris farsaing chun a' bhùird, an SG agus am poball ann am farsaingeachd. Bu chòir do rèiteachaidhean stiùiridh air cunnart a bhith a' gabhail a-steach làn bheachdachadh air fulangas buidheannail a thaobh cunnartan/bagairtean/gàbhaidhean fiosaigeach, sgiobachd agus saidhbear;

- Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman freagarrach de smachd air an taobh a-staigh air an cumail suas le Coimisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach ceumannan èifeachdach an aghaidh foill is mèirlle, cunbalach don earrann [Foill](#) den SPF;
- Stèidheachadh rèiteachaidhean ùghdarrais tiomnaichte sgrìobhte iomchaidh, cunbalach don earrann [Ùghdarris Tiomnaichte](#) den SPF, a tha air am fiosrachadh do luchd-obrach uile còmhla ri siostam airson a bhith gu cunbalach ag ath-sgrùdadh gèilleadh do na tiomnaidhean sin;
- Stèidheachadh frèam-obrach airson stiùireadh coileanaidh a tha a' cur taic ri coileanadh air amasan is cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd mar a tha mìnichte sna planaichean corporra is gnothachais; agus a tha a' comasachadh làn aithris air coileanadh don Bhòrd, am Buidheann-stiùiridh urrasachd agus am poball ann am farsaingeachd;
- Dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean èifeachdach a thaobh stiùireadh ghoireasan daonna air an cumail suas agus gu bheil planadh ghoireasan daonna ro-innleachdail co-cheangailte ri cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd;
- Ullachadh phlanaichean corporra is gnothachais Coimisean na Croitearachd, a rèir nan amasan is cinn-uidhe ro-innleachdail aontaichte le Ministearan na h-Alba;
- Dèanamh cinnteach à dàimhean èifeachdach le oifigich SG;
- Fiosrachadh an aonaid urrasachd mu adhartas Coimisean na Croitearachd ann an cuideachadh le cinn-uidhe poileasaidh Ministearan na h-Alba a choileanadh agus ann an taisbeanadh mar a tha goireasan gan cleachdadh gus na cinn-uidhe sin a ruighinn; agus
- Dèanamh cinnteach gu bheil ro-innsean timeil agus sgrùdadh fiosrachaiddh mu choileanadh is ionmhas air an toirt don aonad urrasachd; gu bheil an aonad urrasachd air am fiosrachadh sa bhad ma tha thar-chaiteachas no fo-chaiteachas an dùil agus gu bheil ceartachadh ga chur an gniomh; agus gu bheil duilgheadasan cudromach sam bith, eadar gur ann ionmhasail no eile, no air an comharrachadh tro in-sgrùdadh no dòigh sam bith eile, air am fiosrachadh don roinn urrasachd ann an deagh àm.

### Dleastanasan Oifigear Cunntachail Coimisean na Croitearachd

26. Ainmichidh am Priomh Oifigear Cunntachail do Riaghaltas na h-Alba (Rùnaire Maireannach SG) an t-Àrd-Oifigear mar Oifigear Cunntachail do Choimisean na Croitearachd. Tha Oifigearan Cunntachail gu pearsanta cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba airson an fhuincseanan a choileanadh, mar a tha mìnichte ann am

Meòmhrachan Oifigearan Cunntachail do Bhuidhnean Poblach Eile. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- Dèanamh cinnteach à iomchaidheachd agus cunbalachd ionmhasan Coimisean na Croitearachd agus gu bheil rèiteachaidhean seasmhach agus èifeachdach nan àite airson in-smachd agus làimhseachadh cunnairt;
- Dèanamh cinnteach gu bheil goireasan Coimisean na Croitearachd air an cleachdad dh ann an dòigh eacnamaich, èifeachdach agus buadhach agus gu bheil rèiteachaidhean iomchaidh nan àite airson an Luach as Fheàrr agus Luach an Airgid fhaotainn don roinn phoblaich gu h-iomlan;
- Dèanamh cinnteach à gèilleadh do stiùireadh buntainneach air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba, gu h-àraid an SPF;
- Soidhnigeadh nan cunntasan bliadhnaile agus aithrisean riaghlaidh co-cheangailte;
- Dleastanas reachdail a thaobh ùghdarris sgrìobhte fhaotainn bhon Bhòrd / Neach-gairm mus dèanar gnìomh sam bith a bhiodh e no i a' meas neo-chunbalach do choileanadh ceart air fuincseanan an Oifigeir Chunntachail. Bu chòir don Oifigear Chunntachail fios a thoirt don Oifigear Chunntachail Fòilio; agus
- Toirt seachad fianais aig àm sumanaidh air beulaibh Comataidhean Pàrlamaid na h-Alba a thaobh cleachdad dh is stiùbhardachd mhaoinean poblach le Coimisean na Croitearachd.

27. Tha e mar fhiachaibh air an Àrd-Oifigear a d(h)leastanasan mar Oifigear Chunntachail do Phàrlamaid na h-Alba a chothlamadh le a d(h)leastanasan farsaing leis a' bhòrd. Bu chòir don Bhòrd / Neach-gairm a bhith làn mhothachail agus aire a thoirt do na dleastanasan Oifigear Chunntachail air an cur air an Àrd-Oifigear, a' gabhail a-steach an dleastanais reachdail air iomradh gu h-àrd.

28. Dh'fhaodadh gun tiomnaich an t-Àrd-Oifigear rianachd làitheil a d(h)leastanasan mar Oifigear Chunntachail gu luchd-obrach eile ann an Coimisean na Croitearachd, ach a' fuireach cunntachail aig deireadh cùise anns gach suidheachadh.

29. Tha uallach air an Àrd-Oifigear airson fiosrachadh a chumail ri Àrd-Stiùiriche an Eaconamaidh mu ghearanan sam bith a thaobh Coimisean na Croitearachd a tha air an gabhail le Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba airson rannsachadh, agus freagairt san amharc aig Coimisean na Croitearachd do mholaidhean a' leantainn sin bhon Ombudsman.

### An t-Oifigear Chunntachail Cùram-roinne

30. Tha an t-Àrd-Stiùiriche don Eaconamaidh ainmichte leis a' Phrìomh Oifigear Chunntachail do Riaghaltas na h-Alba, mar Oifigear Chunntachail Cùram-roinne do phàirtean den SG, a' gabhail a-steach am Buidheann-stiùiridh urrasachd do Choimisean na Croitearachd. Tha dleastanasan Oifigeir Chunntachail Cùram-roinne air am mìneachadh gu mionaideach ann [am Meòmhrachan Oifigearan Cunntachail](#)

[do Phàirtean de Riaghaltas na h-Alba](#). Tha e/i cunnatachail gu pearsanta do Phàrlamaid na h-Alba airson dèanamh cinnteach gu bheil:

- Na smachdan ionmhasail is stiùiridh eile air an cur an cèill le SG iomchaidh agus foghainteach airson maoinean poblach a chumail sàbhailte, agus san fharsaingeachd gu bheil iadsan air an cur an gnìomh le Coimisean na Croitearachd a' gèilleadh do riatanasan an dà chuid iomchaidheachd agus stiùireadh math ionmhasail;
- Na prìomh dhreuchdan is dhleastanasan a tha a' neartachadh na dàimh eadar an SG agus Coimisean na Croitearachd air am mìneachadh ann an sgriobhainn frèam-obrach – agus gu bheil an sgriobhainn seo ga ath-sgrùudadh gu cunbalach;
- Dàimhean èifeachdach nan àite aig ìre Stiùiriche agus Iar-Stiùiriche eadar an SG agus Coimisean na Croitearachd ann an co-rèir ri prionnsapalan conaltraidh ro-innleachdail; agus
- Measadh is beachdachadh leantainneach èifeachdach air coileanadh Neach-gairm Coimisean na Croitearachd, ann an co-rèir ri riatanasan a' Chòd Giùlain airson Fastaidhean Poblach Ministrealach ann an Alba.

### **Stiùiriche is Ceannard Roinne Riaghaltas na h-Alba**

31. Tha dleastanas air Stiùiriche an Àiteachais is Eaconamaidh Dùthchail (ARE) agus Ceannard na Roinne Poileasaidh Àiteachais airson a bhith a' cumail sùil thairis air agus a' dèanamh cinnteach à dàimhean èifeachdach eadar an SG agus Coimisean na Croitearachd, a' cur taic ri co-thaobhadh gnothaich Coimisean na Croitearachd ri Builean Nàiseanta is Adhbhar SG agus àrd-choileanadh le Coimisean na Croitearachd. Bidh iad ag obair gu dlùth le Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd agus cunnatachail don Oifigear Chunntachail Cùram-roinne airson dàimhean deimhinneach a leasachadh agus a chumail suas le Coimisean na Croitearachd, comharrachte tro fhosgarrachd, earbsa, spèis agus taic da chèile. Gheibh iad taic bho aonad urrasachd ann an coileanadh nam fuincseanan sin.

32. Bidh Stiùiriche ARE le uallach airson coileanadh Neach-gairm agus Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd co-dhiù aon uair sa bhliadhna.

### **Dleastanasan an aonaid urrasachd**

33. Is e Aonad Leasachadh Àiteachais is Croitearachd an t-aonad urrasachd aig SG airson Coimisean na Croitearachd. Is e an t-àite conaltraidh àbhaisteach aig Coimisean na Croitearachd ann an dèiligeadh ri SG. Tha an t-aonad, fo stiùir a' Cheannaird Roinne, mar am prìomh thùs comhairle do Mhinistearan na h-Alba ann an coileanadhan dhleastanasan a thaobh Coimisean na Croitearachd, agus a' gabhail os làimh dleastanasan an Oifigeir Chunntachail Cùram-roinne às a leth. Tha dleastanasan sònraichte a' gabhail a-steach:

- Coileanadh dhleastanasan urrasachd ann an co-rèir ris na prionnsapalan agus an fhrèam-obrach a tha mìnichte san sgriobhainn '[Conaltradh Ro-innleachdail eadar Riaghaltas na h-Alba agus NDPBan](#)' agus a' dèanamh cinnteach gu bheil urrasachd sùbailte gu freagarrach, co-chuideil agus freagairteach do fheumalachdan Mhinistearan na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd.

- Dèanamh cinnteach gu bheil fastaidhean gu Coimisean na Croitearachd dèante ann an deagh àm, agus far a bheil e iomchaidh ann an co-rèir ri [Còd Cleachdaidh airson Fastaidhean Ministrealach gu Buidhnean Poblach](#) ann an Alba, agus a' cur rèiteachaidhean nan àite mar a bhios riatanach airson taghadh Choimiseanairean Croitearachd agus / no Neach-gairm;
- Sgrùdadadh co-rèireach air gnìomhachdan Coimisean na Croitearachd tro shruthadh freagarrach agus tìmeil de fhirosrachadh iomchaidh, aontaichte le Coimisean na Croitearachd, air coileanadh, buidseatadh, smachd agus stiùireadh cunnairt;
- Dèiligeadh ann an dòigh thìmeil ri duilgheadasan cudromach sam bith ag èirigh ann an Coimisean na Croitearachd, a' fiosrachadh an Oifigeir Chunntachail Cùram-roinne agus am Ministear buntainneach far a bheil sin air a mheas iomchaidh;
- Dèanamh cinnteach gu bheil cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd agus na cunnartan dhaibh air an gabhail a-steach gu ceart agus gu h-ionchaidh ann an siostaman measadh cunnairt is stiùiridh SG; agus
- Fiosrachadh Coimisean na Croitearachd mu phoileasaidh buntainneach SG ann an dòigh thìmeil.

## Sgrùdadadh a-staigh

34. Bidh Coimisean na Croitearachd:

- Stèidheachadh agus cumail suas rèiteachaidhean airson in-sgrùdadadh ann an co-rèir ri [Inbhean In-Sgrùdaidh na Roinne Poblaich](#) agus earrann an [In-Sgrùdaidh](#) den SPFM;
- Stèidheachadh comataidh sgrùdaidh neo-eisimeileach den bhòrd, ann an co-rèir ris an stiùireadh air [Comataidhean Sgrùdaidh](#) san SPFM gus an dà chuid am bòrd agus an t-Àrd-Oifigear a chomhairleachadh na d(h)reuchd mar Oifigear Chunntachail Coimisean na Croitearachd;
- Solarachadh geàrr-iomradh aithisg barantais bhliadhnaill taobh a-staigh na h-Aithisg agus Cunntasan Bliadhnaill; agus
- Adhartachadh aithisg bhliadhnaill gu an aonad urrasachd air foill is mèirle a chaidh fhulang le Coimisean na Croitearachd; fiosrachadh mu thachartasan mòra no neo-àbhaisteach cho luath 's a ghabhas; agus fios a thoirt air atharrachaidhean sam bith air cumhachan is cùmhnan tan an in-sgrùdaidh, cumhachan is cùmhnan tan na comataidh sgrùdaidh no air Poileasaidh Foill agus Plana Freagairt Foill.

35. Tha còir ruigsinneachd aig Buidheann-stiùiridh In-Sgrùdaidh Riagahaltas na h-Alba air sgriobhainnean uile air an ullachadh le in-sgrùdaire Coimisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach far a bheil an t-seirbheis fo chùmhnant air an taobh a-muigh. Tha a' chòir aig SG cothrom iarraidh air clàran uile agus sgiobachd Coimisean na Croitearachd airson adhbhar sam bith.

## Sgrùdadh bhon Taobh A-muigh

36. Bidh Àrd-Neach-sgrùdaidh na h-Alba (AGS) a' sgrùdadh no a' fastadh sgrùdairean airson cunntasan bliadhnailean Coimisean na Croitearachd a sgrùdadh, agus gan cur air adhart gu Ministearan na h-Alba a chuireas iad air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba, còmhla ri aithisg bhliadhnailean Coimisean na Croitearachd, aithisg an sgrùdaire agus aithisg sam bith air a h-ullachadh leis an AGS. Airson adhbhar an sgrùdaidh, tha còir reachdail aig an AGS air ruigsinneachd gu sgriobhainnean agus fiosrachadh air a chumail le pearsachan buntainneach.

37. Bheir Coimisean na Croitearachd òrdugh don luchd-sgrùdaidh aca, ma dh'iarras an SG, lethbhreacan de dh'aithisgean stiùiridh (agus pàipearachd co-cheangailte ris na h-aithisgean sin) agus freagairtean don Aonad Leasachaидh Àiteachais is Croitearachd.

38. Faodaidh an AGS, no luchd-sgrùdaidh air am fastadh leis an AGS, sgrùdaidhean a choileanadh air an eaconamaidh, èifeachdas is buadhachd leis an do chleachda Coimisean na Croitearachd a ghoireasan ann an coileanadh fhuincseanan. Faodaidh an AGS sgrùdaidhean a choileanadh cuideachd air na rèiteachaidhean dèante le Coimisean na Croitearachd gus An Luach as Fheàrr fhaotainn. Airson adhbhar nan sgrùdaidhean sin, tha còir reachdail aig na sgrùdairean air ruigsinneachd gu sgriobhainnean agus gu fiosrachadh air a chumail le pearsachan buntainneach. A thuilleadh air an sin, bheir Coimisean na Croitearachd, ann an cunnraidean no cumhnantan do thabhartasan, cothrom don AGS a leithid sin de ruigsinneachd do sgriobhainnean a chur an gniomh, a tha air an cumail le cunnradairean agus fo-chunnradairean agus luchd-faighinn thabhartasan mar a dh'fhaodas a bhith riatanach airson nan sgrùdaidhean sin; agus cleachdaidh e na h-oidhirpean as fheàrr gus ruigsinneachd fhaotainn don AGS gu sgriobhainnean sam bith eile a tha an AGS ag iaraidh, agus a tha air an cumail le buidhnean eile.

## Aithisg is Cunntasan Bliadhnailean

39. Aig deireadh gach bliadhna ionmhasail, feumaidh Coimisean na Croitearachd aithisg bhliadhnailean mu ghniomhachdan fhoillseachadh còmhla ri a chunntasan bliadhnailean sgrùdaichte. Feumaidh an aithisg gnìomhachdan fo-bhudheann no co-iomairt sam bith a chòmhdach cuideachd a tha fo smachd Coimisean na Croitearachd. Bu chòir dha gèilleadh don [Leabhar-làimhe Aithris Ionmhasail](#) (FReM) agus prìomh ghniomhachdan is coileanadh Coimisean na Croitearachd a mhìneachadh, mu choinneamh chinn-uidhe is thargaidean aontaichte airson na bhliadhna ionmhasail roimhe sin.

40. Feumaidh na cunntasan a bhith air an ullachadh ann an co-rèir ri Clàr 1 de Achd 1993 agus stiùireadh buntainneach eile air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba. Bu chòir do chinn-uidhe no targaidean sam bith air an suidheachadh le Ministearan na h-Alba a bhith air an aithris air na cunntasan, agus mar sin a bhith taobh a-staigh farsaingeachd an sgrùdaidh. Bidh fo-bhudheann no co-iomairt sam bith fo smachd Coimisean na Croitearachd daingnichte sna cunntasan ann an co-rèir ri Inbhean Aithris Ionmhasail mar a chaidh atharrachadh agus a mhìneachadh do cho-theacsna na roinne poblach.

41. Thèid an dreach aithisg agus cunntasan a chur a-steach gun Bhuidheann-stiùiridh urrasachd airson beachd ro 31 luchar gach bliadhna, agus an tionndadh

deireannach a chur air beulaibh na Pàrlamaid le Ministearan na h-Alba ro 31 Dùblachd, ann an co-rèir ri riatanasan reachdail mar a tha ann an Earrann 2B agus Clàr 1 fa leth, de Achd 1993. Ged a tha an ceann-latha reachdail seo airson lìbhrigeadh is foillseachadh chunntasan sgrùdaichte leis an AGS ro 31 Dùblachd, a' leantainn gu dlùth air a' bhliadhna ionmhasail roimhe sin, tha dùil a thaobh Ministearan na h-Alba gum bi cunntasan air an lìbhrigeadh 's air am foillseachadh cho luath 's a ghabhas. Chan fhaod na cunntasan a bhith air an lìbhrigeadh mus bi iad air an cur gu foirmeil le Àrd-Neach-sgrùdaidh na h-Alba gu Ministearan na h-Alba agus chan fhaodar am foillseachadh mus tèid an lìbhrigeadh.

42. Bidh Coimisean na Croitearachd cunntachail airson foillseachadh na h-aithisg agus nan cunntasan, a' gabhail a-steach air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.

### **Dleastanasan Sgioba-stiùridh**

#### **Planaichean corporra is gnothachais**

43. Feumaidh Coimisean na Croitearachd a dhèanamh cinnteach gu bheil plana corporra, aontaichte le Ministearan na h-Alba, na àite agus foillsichte air làrach-lìn a' Choimisein. Aontaichidh Coimisean na Croitearachd leis an SG na cùisean sa phlana ris am feumar dèiligeadh agus an clàr-ama airson ullachadh agus ath-sgrùdadadh. Nochdaidh am plana deireannach amasan is cinn-uidhe ro-innleachdail Coimisean na Croitearachd mar a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba, buidseatan innseachail agus prìomhachasan sam bith air an suidheachadh le Ministearan na h-Alba. Taisbeanaidh e mar a tha Coimisean na Croitearachd a' cur ri prìomh adhbhar an SG a choileanadh a thaobh meudachadh ann am fàs seasmhach agus taobhadh le [Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#) (NPF) an SG.

44. Bu chòir do phlana corporra Coimisean na Croitearachd a bhith a' gabhail a-steach:

- Adhbhar agus prìomh amasan Coimisean na Croitearachd;
- Mion-sgrùdadadh air an àrainneachd sa bheil Coimisean na Croitearachd ag obrachadh;
- Prìomh chinn-uidhe agus prìomh thargaidean coileanaidh a tha co-cheangailte rè ùine a' phlana, an ro-innleachd airson nan cinn-uidhe sin a choileanadh agus mar a chuireas iad sin ri coileanadh air prìomh adhbhar an SG agus taobhadh leis an NPF;
- Comharran mu choinneamh a dh'fhaodar coileanadh a bhreithneachadh;
- Mion-fhiosrachadh air èifeachdasan planaichte, ag iomradh mar a tha Coimisean na Croitearachd a' moladh luach airgid nas fheàrr fhaotainn, a' gabhail a-steach tro cho-obrachadh agus seirbheisean co-roinnte; agus
- Cùisean eile mar a chaidh aontachadh eadar an SG agus Coimisean na Croitearachd.

45. Bu chòir don phlana chorporra leasachadh air plana gnothachais fa leth fhiosrachadh airson gach bliadhna ionmhasail. Bu chòir don phlana gnothachais a bhith a' gabhail a-steach prìomh thargaidean is chlachan-mìle airson na bliadhna a tha ri teachd, co-thaobhaichte ris an NPF, agus ceangailte ri fiosrachadh buidseataidh gus an urrainnear, far an gabh sin a dhèanamh, goireasan a chomharrachadh a tha air an riarrachadh gus cinn-uidhe sònraichte a choileanadh. Bu

chòir do lethbhreac de phlana gnothachais Coimisean na Croitearachd a thoirt don aonad urrasachd ro thoisearch na bliadhna ionmhasail buntainnich.

46. Le ùmhachd do bheachdachaidhean coimearsalta sam bith, bidh am plana gnothachais ri fhaotainn air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.

### **Plana Poileasaidh**

47. Tha Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, ag iarraidh gun toir Coimisean na Croitearachd Plana Poileasaidh gu buil, ri aontachadh le Ministearan na h-Alba, taobh a-staigh 6 mìosan bho cheann-latha taghaidh croitearachd.

48. Bidh Coimisean na Croitearachd a' cumail ceangal leis an aonad urrasachd mu ullachadh air a' Phlana Poileasaidh gus aonta le Ministearan na h-Alba fhurastachadh. Bidh Coimisean na Croitearachd cuideachd a' cumail ceangal ris an aonad urrasachd ma bhios atharrachaidhean sam bith a dhìth air a' Phlana às dèidh làimh, tro iarrtas bhon Choimisean no iarrtas bho Mhiniestaran na h-Alba. Aon uair 's gu bheil e aontaichte le Ministearan na h-Alba, thèid am Plana Poileasaidh fhoillseachadh air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd agus a sgaoileadh ann an co-rèir le earrann 2C(5) agus Achd 1993 a chaidh ainmeachadh.

### **Modh-obrach Làimhseachadh Ghearanan**

49. A bharrachd air suidheachadh sònraichte, thèid gearanan mu Choimisean na Croitearachd a sgrùdadh agus freagairt bho a chur chun an neach-gearain le Coimisean na Croitearachd, agus coimhead-thairis leis an Àrd-Oifigear, mas ionchaidh.

50. Cumaidh an t-aonad urrasachd ceangal ri Coimisean na Croitearachd mu ghearanan, mar eisimpleir, gus fiosrachadh a thoirt do Mhiniestaran na h-Alba, mas ionchaidh. Dh'fhaodadh gum bi amannan ann, mar eisimpleir, nuair a tha a' chùis co-cheangailte ri buill den Bhòrd, nuair a dh'fheumas Coimisean na Croitearachd cuideachadh bhon taobh a-muigh a chomharrachadh ann an dèligeadh ri gearan sònraichte no cùis smachdachaidh, agus bu chòir comas taic bho àite eile sa roinn phoblaich a dheasbad leis an aonad urrasachd. Bu chòir don aonad urrasachd conaltradh ris a' Cheannard Ghoireasan Daonna aig Riaghaltas na h-Alba, airson comhairle mar a bhios feum air.

51. Mar a chaidh a thoirt fa-near aig paragraf 29, tha an t-Àrd-Oifigear cunntachail airson Àrd-Stiùiriche an Eaconamaidh fiosrachadh mu ghearanan sam bith mu Choimisean na Croitearachd air an gabhail ris le Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba airson rannsachadh, agus mun fhreagairt san amharc aig Coimisean na Croitearachd do na molaidhean às dèidh sin bhon Ombudsman.

### **Stiùireadh Buidseat**

52. Gach bliadhna, mar thoradh air co-dhùnidhean le Ministearan na h-Alba air riarrachadh bhuidseatan do bhliadhna ionmhasail ri teachd, cuiridh an SG aithris foirmeil mu sholar buidseatach gu Coimisean na Croitearachd agus nota de chùisean co-cheangailte sam bith agus mion-fhiosrachadh air an fhiosrachadh sgrùdaidh buidseit a tha riatanach do SG. Bu chòir cumhachan na litreach sin, air a h-iomradh mar an litir Riarachaidd is Sgrùdaidh Buidseat, a bhith air am faicinn mar a

bhith a' comh-lionadh susbaint na sgrìobhainn seo. Is e an sgrùdadhbhùidh mìosail am priomh dhòigh air smachd buidseatach sa bhliadhna tarsainn an SG. Mar sin, feumaidh buidhnean gèilleadh don fhòrmat agus tìmeachadh an sgrùdaidh còmhla ri iarrasan sam bith airson tuilleadh fiosrachaidh. Mìnichidh an aithris air solar buidseatach, am buidseat taobh a-staigh seòrsachaidhean goireas Criochan Caiteachais Roinneil (RDEL), calpa DEL (CDEL) agus Cuibhrichte (neo-iomlaid) (RfDEL). Fiosraichidh Coimisean na Croitearachd an t-aonad urrasachd aig a' chìad chothrom ma tha riatanas a thaobh buidseat Caiteachais Stiùirichte Bladhnaidh (AME) air a chomharrachadh. Bu chòir SG a chomhairleachadh cuideachd ma thachras gu bheil an caiteachas lom tuairmsichte air ro-innse gu bhith nas isle na an solar buidseat. Tha eadar-ghluasadán de sholar buidseat eadar na diofar geàrr-sheòrsachaidhean ag iaraidh aonta ro-làimh bho Bhuidheann-stiùiridh Ionmhais an SG. Mar sin, bu chòir molaidhean sam bith a thaobh a leithid sin de eadar-ghluasadán an cur a-steach gu an aonad urrasachd. Faodaidh eadar-ghluasadán solair taobh a-staigh geàrr-sheòrsachaidhean an gabhail os làimh às aonais iomradh gu SG, le ùmhachd do chuibreachaidhean sam bith air raointean caiteachais sònraichte.

53. Ma tha teachd-a-steach a gheibhear tro mhalaire agus goireasan eile (a' gabhail a-steach prothaid no call bho chuidteachadh air so-mhaoinean neo-làithreach) sgòraichte mar RDEL àicheil, no an luach leabhair lom chuidteachaidhean air so-mhaoinean neo-làithreach – air a sgòradh mar CDEL àicheil, nas lugha na bha air a ghabhail a-steach don bhuidseat aontaichte, nì Coimisean na Croitearachd cinnteach, mura h-eil aonta eile leis an SG, à lùghdachadh da rèir anns a' chaiteachas iomlan. (Bidh an ìre gu bheil Coimisean na Croitearachd a' dol seachad air buidseatan aontaichte gu h-àbhaisteach ga coinneachadh le lùghdachadh da rèir sna buidseatan airson na bliadhna ionmhasail às dèidh sin). Ma tha teachd-a-steach a gheibhear nas mothà na tha air a ghabhail a-steach sna buidseatan aontaichte, feumaidh Coimisean na Croitearachd comhairle agus aonta ro-làimh fhaotainn bhon Aonad Urrasachd mus cleachdar sùim sam bith a bharrachd gus caiteachas a bharrachd a mhaoineachadh no gus cuideaman làthaireach a lasachadh. Dh'fhaodadh fàillingeadh a thaobh aonta ro-làimh fhaotainn gus teachd-a-steach a bharrachd a chleachdadh airson caiteachas a bharrachd a mhaoineachadh, toradh ann an lùghdachaidhean da rèir ann am buidseatan airson na bliadhna ionmhasail às dèidh sin. Is e an t-aon eadar-dhealachadh far a bheil an teachd-a-steach bho thiодhlacan, dileaban agus tabhartasan ach feumar seo a chaitheamh taobh a-staigh na bliadhna ionmhasail cheudna agus a gheibhear iad, no bidh riarachadh buidseat a bharrachd a dhìth. Air dhòigh sam bith, bu chòir do theachd-a-steach bho gach tùs agus caiteachas planaichte uile a bhith nochdte anns an aithris sgrùdaidh buidseat mhiosail.

## Stiùireadh airgid

54. Feumaidh [tabhartas gus cuideachadh](#) (i.e. airgead air a thoirt do Choimisean na Croitearachd le SG mar thaic don bhuidseat riaraichte) airson na bliadhna a tha an ceist a bhith ùghdarraichte le Pàrlamaid na h-Alba anns an Achd Buidseat bhliadhnaidh. Bidh tabhartas gus cuideachadh gu h-àbhaisteach air a phàigheadh ann an cuibhreannan mìosail, air bunait phròifilean ùraichte agus fiosrachadh a thaobh cùl-stòran airgid neo-chuibhrichte. Cha bhi e pàighe mus bi feum air, mar a tha dearbhte leis an ìre de chùl-stòr airgid neo-chuibhrichte agus caiteachas planaichte. Bu chòir do chùl-stòran airgid glèidhde tron bhliadhna, a bhith air an cumail sìos chun na h-ìre as isle, cunbalach do obrachadh èifeachdach Coimisean na Croitearachd – agus an ìre de mhaoinean a tha a dhìth gus buailteachdan buntainneach sam bith aig deireadh na bliadhna a choinneachadh. Thig tabhartas gus cuideachadh nach eil

air a tharraing ro dheireadh na bliadhna ionmhasail gu ceann. Cha bhi tabhartas gus cuideachadh air a phàigheadh a-steach do chùl-stòr cuibhrichte sam bith air a chumail le Coimisean na Croitearachd.

55. Feumaidh na rèiteachaidhean banca air an ùisneachadh le Coimisean na Croitearachd gèilleadh don earrann [Bancaidh](#) den SPF.

### **Stiùireadh cunnairt**

56. Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ris na cunnartan a bhios ag èirigh ann an dòigh iomchaidh, ann an co-rèir ri taobhan buntainneach a tha le deagh chleachdad a ann an riaghlaigh corporra, agus bu chòir ro-innleachd stiùireadh cunnairt a leasachadh a tha cunbalach le earrann [Stiùireadh Cunnairt](#) den SPF. Bu chòir do rèiteachaidhean aithris dèanamh cinnteach gu bheil an t-aonad urrasachd mothachail do chunnartan buntainneach agus mar a thathar gan làimhseachadh. Tha aig AFC Coimisean na Croitearachd, aig a' chothrom as tràithe, ri Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt Riaghaltas na h-Alba fhiosrachadh ma tha e den bheachd gu bheil e air duilgheadas cudromach a chomharrachadh, aig am faodadh buaidhean nas fharsainge a bhith.

### **Tèarainteachd is fulangas buidheannail**

57. Mar phàirt de rèiteachaidhean a thaobh stiùireadh cunnairt, bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig ìre bùird mu phriomh chunnartan, bagairtean agus gàbhaidhean ris am faodadh a bhith aca ri dèiligeadh ann an àrainnean sgiobachd, fiosaigeach agus saidhbear, agus gniomh a chur an cèill gus dèanamh cinnteach à fulangas buidheannail iomchaidh mu choinneamh nan cunnartan/bagairtean/gàbhaidhean sin. Bu chòir aire shònraichte a bhith aca do na priomh thùsan fiosrachaiddh a leanas, gus cuideachadh leis am modh-obrach a stiùireadh.

[Plana Gniomha Earrann Poblach na h-Alba air Fulangas Saidhbeir](#)

[Seilbh is Adhartas air Fulangas Gnothachais \(pàirt de shreath stiùiridh Ullach Alba](#)

### **Stiùireadh Foill**

58. Bu chòir do Choimisean na Croitearachd gabhail ri agus poileasaidhean is cleachdaidhean a chur an gniomh, gus e fhèin a dhìon an aghaidh foill is mèirle, ann an co-rèir ris an earrann [Foill](#) den SPF. Feumaidh buileachadh air na pròiseasan sin a bhith sgrùdaichte gu gniomhach, le taic bho phlana freagairt foill agus rèiteachaidhean aithris làidir. Tha seo a' gabhail a-steach stèidheachadh air slighean a bheir aithris air amharas sam bith air foill. A thuilleadh air an sin, bu chòir do Choimisean na Croitearachd ceumannan co-rèireach agus stèidhichte air cunnart a ghabhail gus seasamh ionmhasail solarache a mheasadh, no buidheann sam bith eile leis a bheil e an dùil cùmhnant a stèidheachadh no maoineachadh a sholarachadh.

### **Stiùireadh Coileanaidh**

59. Obraichidh Coimisean na Croitearachd siostaman stiùiridh fiosrachadh is cunntasachd a bheir comas air ath-sgrùdad a dhèanamh, ann an dòigh thimeil agus

èifeachdach, air coileanadh ionmhasail agus neo-ionmhasail an aghaidh nan amasan, cinn-uidhe, targaidean is clachan-mìle, a tha minichte anns na planaichean corporra is gnothachais. Bu chòir do thoraidhean a leithid sin de ath-sgrùdaidhean a bhith air an aithris air bunait chunbalach do bhòrd Coimisean na Croitearachd agus air a lethbhreacadh gun aonad urrasachd den SG.

60. Gabhaidh Coimisean na Croitearachd os làimh a bhith a' fiosrachadh an aonaid urrasachd mu atharrachaidhean ann an sudheachaidhean air an taobh a-muigh, a nì coileanadh air cinn-uidhe nas duilghe no nach dèan, no air am faod feum a bhith air atharrachadh sa bhuidseat no air cinn-uidhe a tha amìnichte sna planaichean corporra no gnothachais.

61. Thèid coileanadh Coimisean na Croitearachd a thaobh cuideachadh le poileasaidhean Ministearan na h-Alba a liubhairt, a' gabhail a-steach coileanadh air priomh chinn-uidhe aontaichte, aithris don aonad urrasachd air bunait chunbalach. Nì SG measadh gu co-rèireach air coileanadh Coimisean na Croitearachd, air bunait leantainneach agus coinneamh ath-sgrùdaidh fhoirmeil a chumail dà uair sa bhliadhna aig a' char as lugha. Coinnichidh an Rùnaire Caibineit / Ministear na h-Alba leis an uallach ri neach-gairm Coimisean na Croitearachd co-dhiù uair sa bhliadhna.

62. Thèid coileanadh Coimisean na Croitearachd aithris an aghaidh priomh thargaidean ann an aithisg is cunntasan bliadhnailean Coimisean na Croitearachd. Bu chòir beachdachadh cuideachd air cruthan aithris coileanaidh eile don phoball.

## Stiùireadh Luchd-obrach Coimisean na Croitearachd

### *Dleastanasan farsaing do luchd-obrach NDPB*

63. Taobh a-staigh nan rèiteachaidhean aontaichte le Ministearan na h-Alba no minichte ann an reachdas na buidhne, bidh dleastanas air Coimisean na Croitearachd airson trusadh, gleidheadh agus brosnachadh luchd-obrach. Tha na dleastanasan farsaing a thaobh a luchd-obrach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil:

- Trusadh luchd-obrach stèidhichte air farpais chothromach is fhosgailte agus air cothroman co-ionann. Poileasaidhean, cleachdaidhean agus siostaman a' gèilleadh do reachdas cosnaidh is co-ionannachdan agus na h-inbhean a thathar a' sùileachadh bho fhastaichean san earrainn phoblaich;
- Ìre agus structar a luchd-obrach, a' gabhail a-steach rangachadh agus àireamhan luchd-obrach, iomchaidh do fhuincseanan agus riatanasan èifeachdais, buadhachd is eaonamaidh (le ùmhachd do [Poileasaidh Pàighidh do Raointean-dlestanais Pàighidh Luchd-obrach](#) aig Riaghaltas na h-Alba);
- Coileanadh an luchd-obrach aig gach ìre uile air a stiùireadh gu h-èifeachdach agus gu buadhach; iad air am measadh gu riachail; agus siostaman measaidh coileanadh is adhartachadh air an ath-sgrùdadhbh ho àm gu àm;
- An luchd-obrach air am brosnachadh gu an stiùireadh iomchaidh proifeiseanta fhaotainn agus ealantas eile a tha riatanach gus cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd a choileanadh;

- Co-chomhairleachadh ceart le luchd-obrach a' gabhail àite mu phrìomh chûisean aig a bheil buaidh orra;
- Modhan-obrach gearain is smachdachaidh nan àite;
- Poileasaidh innsireachd agus modhan-obrach èifeachdach nan àite, a tha cunbalach le Achd Foillseachaidh Ùidh Phoblach Effective 1998;
- Còd giùlain do luchd-obrach na àite stèidhichte air an sgrìobhainn *Modal Còd do Luchd-obrach Bhuidhnean Gniomha Poblach Neo-roinneil*. Bithear a' sùileachadh do luchd-obrach air an solarachadh do Choimisean na Croitearachd le Riaghaltas na h-Alba, còd giùlain na seirbheis chatharra ([Còd na Seirbheis Chatharra](#)) a leantainn.

64. Tha uallach air Coimisean na Croitearachd airson na h-àireimh de luchd-obrach a dh'fheumar a dhearbhadh, agus an structar buidheannail as iomchaidhe gus a raon-dleastanais a liubhairt gu h-eaconamach, gu h-èifeachdach agus gu buadhach taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faotainn. Ach, feumaidh atharrachaidhean cudromach sam bith ann an àireamhan luchd-obrach no structar buidheannail a bhith aontaichte ro-làimh leis an aonad urrasachd.

65. Bidh SG, a' gnìomhadh às leth Coimisean na Croitearachd (CC), a' dèanamh cinnteach à páigheadh thuarastalan do luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba a tha ag obair taobh a-staigh CC; agus a' solarachadh nan tuarastalan sin ann an cruth phàighidhean dìreach dèante le CC, páighe dìreach do chunntas banca a' chosnaiche bho chunntas banca CC.

### **Pàigheadh agus Cùmhnantan Seirbheis**

66. Gleidhidh luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba a tha ag obair aig Coimisean na Croitearachd cumhachan is cùmhnantan luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba.

67. Do luchd-obrach air am fastadh dìreach le Coimisean an Croitearachd, cuiridh iad a-steach raon páighidh gu Buidheann-stiùiridh Ionmhas Riaghaltas na h-Alba airson aonta (gu h-àbhaisteach uair sa bhliadhna mura h-eil dreuchd ioma-bhliadhna air aontachadh) taobh a-staigh nan cumhachan is cùmhnantan a tha mìnichte ann an Stiùireadh Pàighidh Roinn Phoblach Riaghaltas na h-Alba agus suidheachadh páighidh a bharganachadh taobh a-staigh cumhachan an raon-dleastanais aontaichte às dèidh sin.

68. Feumaidh molaidhean a thaobh dhuaisean neo-thuarastal gèilleadh don stiùireadh ann an earrann Duaisean Neo-Thuarastal den SPF. Gèillidh Coimisean na Croitearachd le stiùireadh an EU air luchd-obrach cùmhaint "Riaghailtean Chosnaichean Teirm Stèidhichte (Bacadh air Dèiligeadh Fo-fhàbharach)."

### **Peinnseanan, Anbharra agus Diolad**

69. Gleidhidh luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba a tha ag obair do Choimisean na Croitearachd na h-aon chòraichean peinnsein, anbharra agus diolaidh ri luchd-obrach eile Riaghaltas na h-Alba.

70. Tha rèiteachaidhean peinnseanachaiddh do luchd-obrach air am fastadh dìreach do Choimisean na Croitearachd buailteach do aonta an aonaid urrasachd. Bidh luchd-obrach air fastadh dìreach do Choimisean na Croitearachd airidh gu h-àbhaisteach air peinnsean air a sholarachadh le ballrachd Priomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Chatharra (PCSPS).

71. Tha moladh sam bith bho Choimisean na Croitearachd a thaobh gluasad bho rèiteachaidhean peinnsein làithreach, no anbharra no dìoladh a phàigheadh airson call dreuchd, ag iarraidh aonta ro-làimh bhon SG. Feumaidh molaidhean a thaobh páighidhean dìolaidd gèilleadh don earrann [Cumhachan Dealachaiddh, Cluaineas Tràth agus Anbharra](#) den SPF. Tha seo a' gabhail a-steach tar-chur gu SG mu airgead dìolaidd molta a thathar a' beachdachadh do neach fa leth taobh a-muigh sgeama aontaichte làithreach, agus mus dèanar conaltradh leis an neach no tairgse dèante gu labhairteach no ann an sgrìobhadh.

### Stiùireadh so-mhaoin is cuid-seilbhe

72. Cumaidh Coimisean na Croitearachd clàr mionaideach is ùraichte de shomhaoinean làithreach is neo-làithreach a tha cunbalach le earrann [Cuid-seilbhe: Seilbheachd, Cuidteachadh is Stiùireadh](#) den SPF. Bu chòir so-mhaoinean neo-làithreach a bhith air an cuidteachadh ann an co-rèir ri SPF. Bu chòir conaltradh ri Roinn Cuid-seilbhe an SG mu dheidhinn cuidteachadh cuid-seilbhe buntainneach a tha molta, a tha Coimisean na Croitearachd a' cumail airson adhbharan obrachaidd (seach inbheisteadh) aig a' chothrom as tràithe gus an gabh e a shanasachadh a-staigh. Feumaidh foirm [Sanasachd A-Staigh](#) a lionadh agus a chur a-steach 1 mhìos aig a' char as lugha mus tèid an togalach a shanasachadh air a' mhargaid fhosgalte. Bu chòir do mholadh air talamh, togalaichean no còraichean eile ann an cuid-seilbhe gèilleadh don SPF. Tha Coimisean na Croitearachd cuideachd fo ùmhachd do [Poileasaidh Stiùiridh So-mhaoin SG](#), a' gabhail a-steach an riatanais air faotainn lìos ùr, leantainn air lìos làithreach, co-dhùnadh gun roghainn brisidh ann an lìos a chleachadh no ceannach togalach airson adhbharan fuireach / obrachaidd, a bhith aontaichte ro-làimh le Ministearan na h-Alba. Bu chòir co-chomhairleachadh le Sgioba Smachdan Cuid-seilbhe cho luath 's a ghabhas sa phròiseas seo. Bu chòir do fhiosrachadh a thaobh Coimisean na Croitearachd a bhith clàraichte gu mionaideach agus ùraichte mar a tha riatanach le Coimisean na Croitearachd air [Siostam Mapadh Fiosrachaidd Eileagtronaigeach](#) (e-PIMS) Oifis a' Chaibineit.

### Ùghdarrasan Tiomnaichte

73. Tha ùghdarrasan ionmhasail tiomnaichte sònraichte Coimisean na Croitearachd – mar a chaidh aontachadh ann an co-chomhairle le Coimisean na Croitearachd agus SG – air am mineachadh san **Eàrr-ràdh** co-cheangailte. Gheibh Coimisean na Croitearachd aonta sgriobhete SG ro-làimh mus gabhar gealltanach sam bith os làimh a tharraingeas caiteachas a tha a' tuiteam taobh a-muigh nan tiomnaidhean sin. Gèillidh Coimisean na Croitearachd cuideachd do riatanasan sam bith airson aonta ro-làimh SG a tha air a ghabhail a-steach do SPF agus/no san sgrìobhainn seo. Feumaidh aonta SG a bhith air fhaotainn ro-làimh an-còmhnaidh mus tarraingear caiteachas airson adhbhar sam bith a tha no a dh'faodadh a mheas annasach, connspaireach no ais-bhualteach no aig a bheil no aig am faodadh buaidhean cosgais a bhith san àm ri teachd.

## **Ginteadh Teachd-a-steach**

74. Bidh Coimisean na Croitearachd a' sìreadh ri piseach a thoirt air teachd-a-steach - chan eil tabhartas gus cuideachadh airidh air fhaicinn mar theachd-a-steach – bho thùsan uile, a' gabhail a-steach bhon [Aonadh Èòrpach](#), agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an SG air fhiosrachadh. Feumaidh molaidhean airson tùsan ùra teachd-a-steach no modhan togail-airgid a bhith air an aontachadh leis an SG. Bidh cisean no tàillean airson seirbheisean sam bith air an solarachadh le Coimisean na Croitearachd air an dearbhadh ann an co-rèir ri earrann [Cisean is Tàillean](#) an SPFM.

75. Tha tiodhlacan, dìleaban no tabhartasan a gheibh Coimisean na Croitearachd air an cunnadh mar theachd-a-steach agus bu chòir dhaibh a bhith mar sin ann am buidseat goireas aontaichte DEL agus buidseat calpa DEL, air an ùrachadh mar a bhios riatanach ann an co-chomhairle leis an SG. Tha caiteachas air a mhaoineachadh le tiodhlacan is eile, a bharrachd air caiteachas a tha gu h-àbhaisteach le taic bho thabhartas gus cuideachadh (i.e. prìomh mhaoineachadh SG) no tro mhalairt agus teachd-a-steach eile. Mus gabhar ris a leithid sin de tiodhlacan, beachdaichidh Coimisean na Croitearachd air a bheil cosgaisean sam bith co-cheangailte ann a bhith a' dèanamh sin no strìthean eadar com-pàirt ag èirigh às. Cumaidh Coimisean na Croitearachd clàr sgriobhte de tiodhlacan sam bith eile mar sin, agus mar a thachair dhaibh.

## **Tasgaidhean Ionmhasail**

76. Mura h-eil iad còmhdaichte le ùghdarris tiomnaichte sònraichte, cha dèan Coimisean na Croitearachd tasgaidhean ionmhasail sam bith às aonais aonta ro-làimh bhon SG. Bhiodh sin a' gabhail a-steach earrannan cothromais ann an iomairtean a tha ag adhartachadh cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd. Cha bhi Coimisean na Croitearachd a' tasgadh ann an iomairt sam bith de nàdar tionnsgnach.

## **Iasadadh**

77. Chan fhaod iasadadh a bhith air a chleachdadh gus cumhachd caitheimh Comisean na Croitearachd a mheudachadh. Bidh iasad an uile le Coimisean na Croitearachd – a thuilleadh air ro-thàirgnean – bho Mhinstearan na h-Alba ann an co-rèir ris an stiùireadh ann an earrann [Iasadadh is Tasgadh](#) an SPFM.

## **Rèiteachaidhean Liosaidh**

78. Mura h-eil e còmhdaichte le ùghdarris tiomnaichte sònraichte, cha tèid Coimisean na Croitearachd an sàs ann an rèiteachadh liosaidh co-cheangailte ri ionmhas, cuid-seilbhe no àite-fuirich – a' gabhail a-steach leudachadh air lios a th' ann mar-thà no neo-ghniomhadh air briseadh lios neach-gabhall – gun aonta ro-làimh bhon SG. Mus gabhar pàirt/leanar leis a leithid sin de rèiteachaidhean, feumaidh Coimisean na Croitearachd a bhith comasach air a thaisbeanadh gu bheil an lios a' tabhann luach airgid nas fheàrr na ceannach agus gu bheil gach roghainn a thaobh roinn air spàs làithreach na roinne poblach air a rannsachadh. Tha liosan obrachail co-cheangailte ri neo-sheilbhe/àite-fuirich fo ùmhlachd ùghdarris tiomnaichte sònraichte. Feumaidh solar DEL calpa a bhith aig Coimisean na Croitearachd airson liosan ionmhas agus tar-ghniomhan eile a tha ann an iasadadh susbaint.

## Rèiteachaidhean Cìse

79. Bu chòir do rèiteachaidhean stiùridh cìse neo-choitcheann a bhith air am meas annasach agus/no connspaireach agus mar sin a bhith air an aontachadh ro-làimh leis an SG. Tha stiùireadh buntainneach ri fhaotainn ann an earrann [Planadh Cise agus Seachnad Cise](#) an SPF. Feumaidh Coimisean na Croitearachd gèilleadh do riaghailtean buntainneach uile air cìseadh, a' gabhail a-steach Cìs Luach Leasaichte (VAT). Bu chòir do neach fa leth a bhiodh airidh air a bhith na chosnaiche airson adhbharan cìse, a bhith pàighe tron t-siostam rola-pàighidh le cìs air a thoirt dheth aig tùs. Is e uallach Coimisean na Croitearachd reachdas VAT a leantainn agus cìs in-chur fhaighinn air ais far a bheil e airidh air sin a dhèanamh. Bu chòir beachdachadh air buaidhean VAT aig ìre thràth a thaobh solair agus seirbheisean co-roinnt, gus a dhèanamh cinnteach gum bi èifeachdas ionmhasail air a choileanadh. Feumaidh Coimisean na Croitearachd dèanamh cinnteach cuideachd gun toir e cunntas ceart air cìs mach-chur a thaobh reic agus cuidteachadh.

## Iasadan agus barrantasan

80. Feumaidh iasadan sam bith le Coimisean na Croitearachd cumail ris an stiùireadh ann an earrann [Iasadadh is Tasgadh](#) an SPF, ann an gabhail dìcheall iomchaidh os làimh agus feuchainn ri téarainteachd a stèidheachadh. Mura h-eil e còmhdaichte le cuibhreachadh tiomnaichte sònraichte, chan fhaod Coimisean na Croitearachd gun aonta ro-làimh bhon SG, airgead a thoirt air iasad, tàille a chur air so-mhaoin, barrantas sam bith no barantas-diona no litir cofhurtachd, no buailteachd thuiteamach sam bith eile a tharraing (mar a tha mìnichte ann an earrann [Buailteachdan Tuiteamach](#) an SPF), eadar gu bheil no nach eil ann an cruth ceangaltach gu laghail. Tha barrantasan, barantasan-diona agus litrichean cofhurtachd de sheòrsa àbhaisteach a thathar a' toirt seachad ann an cursa àbhaisteach gnothachais, air an toirmeasg bhon riatanas seo.

## Tabhartasan treas phàrtaidh

81. Mura h-eil e còmhdaichte le ùghdarris tiomnaichte sònraichte, cha bhi Coimisean na Croitearachd, gun aonta ro-làimh bhon SG, a' toirt seachad maoineachadh tabhartais do threas phàrtaidh. Bhiodh maoineachadh fo ùmhachd an stiùridh ann an earrann [Cuideachadh Stàit](#) an SPF. Tha stiùireadh air frèam-obrach smachd air tabhartasan treas phàrtaidh air a sholarachadh mar [Leas-phàipear](#) ann an earrann Tabhartas is Tabhartas gus Cuideachadh an SPF.

## Millidhean, Solaran agus Às-churan

82. Bu chòir do sho-mhaoinean a bhith clàraichte air a' chunntas-cothromachaidd aig a' bhunait luachaidd iomchaidh ann an co-rèir ris an FReM. Far a bheil so-mhaoin – agus tha sin a' gabhail a-steach inbheistidhean – a' fulang milleadh, tha e cudromach gu bheil am milleadh san amharc agus an cùl-fhiosrachaidd air a chonaltradh do SG aig a' phuing chomasach sa bhliadhna ionmhasail airson buaidhean air buidseat Coimisean na Croitearachd a dhearbhadh. Mar an ceudna, bu chòir do għluasad sònraichte ann an solaran làithreach no cruthachadh air solaran ùra a bhith air a dheasbad ro-làimh leis an SG. Tha às-chur air droch fhiachan agus/no calltachdan a' sgòradh an aghaidh rangachadh buidseit goireas

DEL Coimisean na Croitearachd agus buailteach do chuibreachadh tiomnaichte sònraichte.

## Àrachas

83. Tha Coimisean na Croitearachd buailteach do phoileasaidh fèin-àrachais SG. Feumaidh arachas coimearsalta a bhith air fhaotainn ge-tà far a bheil riatanas laghail sin a dhèanamh, agus cuideachd air fhaotainn ann an suidheachaidhean a tha air an iomradh ann an earrann [Àrachas](#) an SPFM – far a bheil feum air le aonta ro-làimh bhon SG. Ann an suidheachadh challtachdan gun àrachas a bhith air an tarraig, beachdachaiddh an SG, air bunait gach cùis fa leth, am bu chòir no nach bu chòir goireasan a bharrachd a dhèanamh comasach do Choimisean na Croitearachd. Bheir an SG Teisteanas Saoraidh airson Àrachas Buailteachd Fastaiche do Choimisean na Croitearachd.

## Solar agus Pàigheadh

84. Nochdaidh poileasaidhean solair Coimisean na Croitearachd stiùireadh buntainneach ann an earrann [Solarachadh](#) an SPFM agus stiùireadh buntainneach air a sgaoileadh le Buidheann-stiùiridh Coimearsalta is Solair SG. Bu chòir do sholarachadh a bhith air a ghabhail os làimh le luchd-obrach a tha ùghdaraichte agus air an trèanadh gu h-ionchaiddh, agus air a làimhseachadh mar phriomh cho-phàirt de choileanadh cinn-uidhe Coimisean na Croitearachd a tha cunbalach le prionnsapalan [An Luach as Fheàrr](#), na h-inbhean proifeiseanta as àirde agus riatanasan laghail sam bith. Feumaidh cùmhnantan bhon taobh a-muigh uile thar luach £100,000 no moladh sam bith a thaobh cùmhnant a bhuleachadh às aonais farpais (gniomh neo-fharpaiseach) thar luach £10,000, a bhith aontaichte ro-làimh leis an SG, a rèir “Ùghdarrasan Ionmhasail Tiomnaichte Sònraichte” Coimisean na Ceroitearachd mar a tha mìnichte ann am paragraf 73 den sgrìobhainn seo, agus an Èarr-ràdh ceangailte.

85. Bidh priomh phrògraman tasgaidh no pròiseactan sam bith air an gabhail os làimh le Coimisean na Croitearachd buailteach don stiùireadh ann an earrann [Priomh Phròiseactan Tasqaidh](#) an SPF [agus cuideachd buailteach do dh'ùghdarris tiomnaichte sònraichte]. Feumaidh an aonad urrasachd a bhith air fhiosrachadh gu cunbalach mu adhartas sna prògramnan is pròiseactan sin agus feumar Ministearan fhiosrachadh mu leasachaidhean sam bith a dh'fhaodadh an comas-obrachaidh a lagachadh. Feumaidh planaichean tasgaidh ICT a bhith air an aithris do dh'Oifis a' Priomh Oifigear Fiosrachaidh aig SG.

86. Pàighidh Coimisean na Croitearachd fàirdealan uile a tha ullamhaichte agus ùghdaraichte gu ceart agus co-cheangailte ri tar-ghnìomhan le solaraichean, ann an co-rèir ri earrann [Caiteachas is Pàighidhean](#) an SPF, agus ann an dèanamh sin, siridh iad ri targaid SG a choileanadh far a bheil sin comasach agus ionchaiddh, gu fàirdealan a phàigheadh taobh a-staigh 10 làithean obrach bho fhuaireadh iad.

## Tiodhlacan dèante, pàighidhean agus calltachdan sònraichte

87. Chan fhaod Coimisean na Croitearachd, mura h-eil iad còmhdaichte le ùghdarris tiomnaichte sònraichte, tiodhlacan a thoirt no pàighidhean sònraichte a dhèanamh no calltachdan às-chur, às aonais aonta ro-làimh an SG. Tha pàighidhean is calltachdan sònraichte fo ùmhlachd an stiùiridh ann an earrann [Calltachdan agus](#)

Pàighidhean Sònraichte an SPFM. Tha tiodhlacan bhon àrd-sgioba stiùiridh do luchd-obrach fo ùmhachd an stiùiridh ann an earrann Duaisean Neo-Thuarastail den SPFM.

### Ath-shealbhachadh

88. Far a bheil Coimisean na Croitearachd air caiteachas air so-mhaoinean le treas phàrtaidh ionmhasachadh, nì Coimisean na Croitearachd rèiteachaidhean iomchaidh gus a dhèanamh cinnteach nach tèid a leithid sin de sho-mhaoinean os cionn luach aontaichte, a chuidteachadh leis an treas phàrtaidh às aonais cead ro-làimh bho Choimisean na Croitearachd. Cuiridh Coimisean na Croitearachd rèiteachaidhean iomchaidh nan àite airson ais-phàigheadh air a roinn dhligheach den airgead – no co-chuid iomchaidh dheth, ma chuir Coimisean na Croitearachd nas lughna cosgais ionlan faighinn no leasachaидh ris. Nì Coimisean na Croitearachd cinnteach cuideachd ma sguireas so-mhaoinean air an ionmhasachadh le Coimisean na Croitearachd, a bhith air an cleachdad leis an treas phàrtaidh airson an adhbhar dhearbhte, thèid co-chuid iomchaidh de luach na so-mhaoin a phàigheadh air ais do Choimisean na Croitearachd.

### Cuideachadh Stàite

Is e teirm bhon Choimisean Eòrpach a th' ann an Cuideachadh Stàite, a tha a' toirt iomradh air cruthan de chuideachadh poblach, co-cheangailte ri iomairtean air bunait fo ùghdarris, aig a bheil comas air farpais fhiaradh agus buaidh a thoirt air malairt eadar Stàitean Ballrachd an Aonaidh Eòrpaich. Faodaidh gnìomhachd sam bith a ghabhas Coimisean na Croitearachd fhèin os làimh, no a mhaoinicreas iad buidhnean eile gus a ghabhail os làimh, as urrainn an tabhann sa mhargaid choimearsalta airson bathar no seirbheisean, a bhith buailteach do riaghailtean cuideachadh stàite. Mar sin, tha measadh cuideachadh stàite a dhìth mus riaraicheadh maoineachadh sam bith agus bhiodh e fo ùmhachd don stiùireadh ann an earrann cuideachadh stàite den SPFM.

### Cosgaisean Bùird

90. Feumaidh iocadh, cuibhreannan agus cosgaisean pàighe do bhuill a' bhùird gèilleadh dha Poileasaidh Pàighidh do Àrd-Dhreuchdan SG agus do stiùireadh sònraichte air a leithid de chùisean air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba.

Làmh-sgriobhte:

Bill Barron  
Àrd-Oifigear  
Coimisean na Croitearachd

Ceann-latha: 29 Màrt 2018

## SGRÌOBHAINN FRÈAM-OBRACH COIMISEAN NA CROITEARACHD: ÈARR-RÀDH

### ÙGHDARRASAN IONMHASAIL TIOMNAICHTE SÒNRAICHTE

	<b>Crioch Thiomnaichte</b>
Co-chomhairleachaidhean gnothachais is stiùiridh bhon taobh a-muigh	£100,000
Cùmhnantan aon-tairgseach	<b>£10,000</b>
Caiteachas Calpa	<b>Taobh a-staigh crioch iomlan a sholair agus fo ùmhachd measaidh iomchaidh, dh'fhaodadh gun aontaich Coimisean na Croitearachd caiteachas air ceannachdan is pròiseactan calpa, suas gu na criochan a leanas:</b>
Bathar is Uidheam Calpa	<b>£40,000</b>
Obraichean Calpa	<b>£25,000</b>
Caiteachas Teachd-a-steach	<b>Taobh a-staigh crioch iomlan a sholair agus fo ùmhachd measaidh iomchaidh, dh'fhaodadh gun aontaich Coimisean na Croitearachd caiteachas air ceannachdan is pròiseactan teachd-a-steach, suas gu na criochan a leanas:</b>
Nithean seach iadsan clàraichte gu h-ìosal	<b>£100,000</b>
Ath-mhaoineachadh air Cosgaisean Mìosail Luchd-obrach don SG	<b>£250,000</b>
Calltachdan air an Cur Às	<b>Tha ùghdarris tiomnaichte aig Coimisean na Croitearachd dèiligeadh ri agus cur às, far a bheil sin iomchaidh, calltachdan suas gu na criochan a leanas:</b>
Calltachdan Airgid – Calltachdan air stòran cunntachail, pàighidhean gun bhrìgh, agus calltachdan cuideachail	<b>£1,000</b>
Tagraighean air an cur gu taobh no air am fàgail	<b>£1,000</b>
Pàighidhean Sònraichte	<b>Tha ùghdarris tiomnaichte aig Coimisean na Croitearachd airson pàighidhean a dhèanamh suas gu na criochan a leanas:</b>

Pàighidhean do chunnradairean Seach-cùmhnantail agus Roghainneil	<b>£1,000</b>
Pàighidhean roghainneil eile	<b>£2,000</b>
Pàighidhean airgead-dìolaidh	<b>£1,000</b>
Pàighidhean Reachdail agus Riaghlaidh a Bharrachd	<b>£1,000</b>
Tiodhlacan stòran is cuid- seilbhe	<b>£250</b>
Duaisean airson Tilleadh air Cuid-seilbhe Poblach Caillte	<b>£250</b>